



Tìotal: Gam dhìon/Droch-dhiol agus dàimhean Pàirt 2: An còignear earbsach agamsa

Ìre: DÀRNA

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha fios agam gu bheil gach seòrsa de dhroch-dhiol ceàrr, agus tha mi a' toirt air adhart sgilean airson mi fhìn a chumail sàbhailte agus cuideachadh fhaighinn ma dh'fheumas mi. HWB 2-49a	<ul style="list-style-type: none">Ag aithneachadh droch-dhiol agus burraidheachd, mar eisimpleir air-loidhne, aghaidh ri aghaidh agus fios aca càit an tèid iad airson cuideachadh.

Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann gu bheil gach diofar seòrsa droch-dhiol ceàrr. Gum bi fios aig clann càit am faigh iad tuilleadh fiosrachaidh agus taic.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Aithnichidh mi na diofar sheòrsaichean droch-dhiol a dh'fhaodas clann fhulang,
- Aithnichidh mi gu bheil gach seòrsa droch-dhiol ceàrr
- Togaidh mi misneachd sna faireachdainnean agam fhìn agus nam cho-dhùnidhean mu na tha a' faireachdainn sàbhailte/mi-shàbhailte no ceart/ceàrr dhòmhsa.
- 'S aithne dhomh inbhich earbsach a bheir dhomh cuideachadh ma tha iomagain orm no ma tha ceist agam.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Pinn/creidheanan
- Duilleag pàipeir/cairt A4 do gach pàiste leis an tìotal: Ma tha iomagain orm faodaidh mi a dhol gu ...

Obair

1. San aon dòigh ri mòran eile de dh'obair RSHP tha e nas fheàrr tòiseachadh leis a' chlann a' suidhe ann an cearcall, far am faic agus far an cluinn iad a chèile agus far am faic agus an cluinn iad an tidsear/neach-foghlaim a' bruidhinn ann an guth ìosal. Inns dhan chloinn gu bheil sinn an-diugh gu bhith a' bruidhinn air far an tèid clann ma tha iad fo iomagain.
2. An toiseach, faighnich dhan chloinn: **Dè bhios a' cur iomagain air clann?** 'S dòcha gum bi a' bhuidheann airson smaoineachadh mun cheist agus feadhainn eile còmhla ri caraaid rin taobh an toiseach. Can riutha mus freagair iad nach fheum na rudan seo a bhith nan iomagain acasan, ach aig clann san fharsaingeachd. Ma tha e cuideachail, sgrìobh na freagairtean aca air a' bhòrd-gheal fon cheist. Na iarr barrachd fiosrachaidh air na bheir iad seachad, dìreach èist agus sgrìobh e ma tha e feagrarrach. Cuideachd aidich gum faod na rudan seo a bhith nan iomagain gu cinnteach!
3. Faighnich dhan chloinn: **Ciamar a tha e a' faireachdainn?** Èist ris na freagiartean, gabh ris gum faod sinn uile a bhith a' faireachdainn eadar-dhealaichte nuair a tha sinn fo iomagain. Tha e cudromach gun aithnich a' clann gu bheil na faireachdainnean sin ceart gu leòr. A-rithist, ma tha e na chuideachadh faodaidh sibh na freagairtean a chlàradh air a' bhòrd-gheal fon tiotal: *Seo mar a bhios sinn a' faireachdainn nuair a tha sinn fo iomagain ...*
4. Cuir a' cheist: **Dè as urrainn dhut a dhèanamh ma tha thu fo iomagain?** Bidh diofar bheachdan aig a' chloinn, ach gu cinnteach bidh 'bruidhinn ri cuideigin' no 'inns do chuideigin' am measg nam freagairtean. Can gur dòcha gun rachadh a' chlann gu diofar dhaoine le diofar sheòrsaichean iomagain.
5. **Ma tha iomagain orm faodaidh mi a dhol chun... An 5 agamsa.** Cleachd an duilleag 'prop'. Inns gu bheil a h-uile duine a' dol a dhèanamh beagan smaoineachaidh agus obair-ealain leotha fhèin mun seo. Mar thidsear/neach-foghlaim cùm suas do làmh. Inns gu bheil aig gach pàiste ri loidhne a tharraing timcheall air an làimh air pìos pàipeir. Seall dhaibh eisimpleir dhen làimh agad fhèin. An uair sin tha aig gach pàiste ri smaoineachadh air 5 dhaoine thuige a rachadh iad nam biodh iomagain orra. Faodaidh iad ainm a sgrìobhadh air gach corrag.

Cudromach: Can ris a' chloinn ainm cuideigin a tha a' fuireach còmhla riutha a chur air an òrdaig. An uair sin neach eile thuige an rachadh iad air gach corrag.

Dèan cinnteach à tuigse (air ais aig na bùird no sa cearcall ma tha àite ann) iarr air a' chloinn tòiseachadh, a' cumail sùil air mar a tha a' dol dhaibh leis an obair.

6. Às deidh ùine gu leòr, iarr air a' chloinn stad agus èisteachd. Mìnich gu bheil iad air a bhith a' smaoineachadh air daoine thuig' an tèid iad, 's dòcha le diofar sheòrsaichean iomagain. Can gu bheil thu airson gun smaoinich iad air carson a thaghadh iad neach. Iarr orra na h-adhbharan sin a sgrìobhadh air bois na làimhe san dealbh (a-rithist cùm suas do làmh). Thoir seachad eisimpleir mar "Nam bithinn-sa a' taghadh cuideigin, chanainn mo charaid (ainm) oir tha i math air èisteachd", mar sin air bois an deilbh sgrìobhainn math air èisteachd." Thoir sùil air tuigse timcheall na buidhne agus iarr air a' chloinn tòiseachadh, a' soilleireachadh agus a' cuideachadh dhaoine fa leth far a bheil sin a dhith.

7. Cruinnich a' chlann air ais ann an cearcall. Iarr orra na dealbhan aca a shealltainn do nàbaidh, ag innse cò thagh iad agus carson. Dèanaibh còmhradh mar bhuidheann. Faigh a-mach cò thagh daoine agus dè na feartan a th' aig na daoine sin.
8. **Earbsa:** 'S e bun-bheachd cudromach a th' ann an *earbsa* an seo. Ma tha seo air tighinn suas a-rithist bruidhnibh air, mura h-eil cleachd am facal: Mar sin, saoilidh mi gu bheil sibh a' ràdh an seo gum faod sibh earbsa a chur ann an inbheach a thagh sibh ... gun èist iad/nach dèan iad rud mòr dheth/gun toir iad spèis dhut ...
9. Cuir crìoch le bhith a' daingneachadh gun robh leasan an latha an-diugh cudromach agus a' cur nam prìomh phuingeannan nan cuimhne, air a' bhòrd-gheal:
 1. Cha bu chòir do phàiste sam bith a bhith air an goirteachadh no fo iomagain.
 2. Tha e daonnan nas fheàrr bruidhinn ri cuideigin ma tha iomagain ort. Tha e na chuideachadh innse do chuideigin.
 3. An-diugh, smaoinich sinn air 5 dhaoine thuige an rachadh sinn. Tha seo cudromach oir dh'fhaodadh a' chiad neach a bhith trang, 's dòcha nach bi an dàrna neach ag èisteachd no gum bi iad trang – ach chan eil math dhan sin stad a chur oirnn.
 4. Cuimhnich, ma tha iomagain ort, faodaidh tu bruidhinn riumsa.

Beachdan eile

- Tha an leabhar *The Huge Bag of Worries* le Virginia Ironside a' cuideachadh chloinne gus smaoineachadh air mar a tha iomagain a' cur dragh orra agus cho cuideachail 's a tha e innse do chuideigin. Dh'fhaodar seo a leughadh dhan bhuidheann (no do bhuidhnean beaga) no a chur ann an leabharlann a' chlas. 'S e leabhar a th' ann nach fhàs a' chlann sgìth dheth agus 's e deagh dhòigh a th' ann air dèanamh cinnteach gu bheil a' chlann a' tuigsinn nam prìomh phuingeannan bhon a tha feartan cho math aig an inbheach.

Ceangal ris an dachaigh

- Tha teacsa an cois gnìomh 2.9.1 a dh'fhaodar a chur dhachaigh gu pàrantan/luchd-cùraim mus tòisichear air a' bhloc ionnsachaidh seo.
- Faodaidh a' chlann na dealbhan aca a thoirt dhachaigh agus an sealltainn dha na pàrantan/luchd-cùraim aca. Bi faiceallach mu chlann nach eil airson seo a dhèanamh. Bi spèiseil agus cùm an dealbh ann an àite sàbhailte dhan phàiste.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo

- Nuair a tha mi a' faireachdainn sàbhailte/mi-shàbhailte
- Burraidheachd
- Droch-dhìol fiosaiageach agus dearmad
- Droch-dhìol feiseil

Nòtaichean Tidseir